

Ùrachadh Frèam-obrach Ro-innleachdail Coròna-bhiorais (COVID -19) – Ògmhios 2021

(Tha am fiosrachadh seo ceart aig àm foillseachaidh. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig: [Coròna-bhiorais ann an Alba – gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot))

Bho chaidh an t-Ùrachadh Frèam-obrach Ro-innleachdail mu dheireadh fhoillseachadh sa Gherran 2021, tha dà leasachadh cudromach air tachairt a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air mar a gheibh sinn tro ghalar lèir-sgaoilte COVID-19. Buinidh aon dhiubh ri banachdachan agus buinidh am fear eile ri seòrsa draghail ùr de ChCOVID-19 – am mùthadh Delta. Tha daoine air gabhail ris a' bhanachdach ann an dòigh gun samhail, agus tha banachdachan a' sìor lùghdachadh tinneas agus bàs bho ChCOVID-19, agus cuideachd a' lùghdachadh sgaoileadh a' bhiorais. Ach, tha am mùthadh Delta air àrdachadh adhbharachadh san uiread dhaoine leis a' ghalar, gu sònraichte daoine nach d' fhuair a' bhanachdach fhathast. Mar sin, tha am mùthadh Delta a' cur luaths san rèis eadar a' bhioras agus na banachdachan againn.

Na h-Ath Cheuman

A dh'aindeoin na mì-chinnt a tha ann a thaobh a' mhùthaidh Delta, tha coltas gu bheil an ceangal eadar daoine a' glacadh a' ghalar, droch thinneas, a' dol dhan ospadal agus bàs a' lagachadh agus tha an ùine a tha daoine a' caitheamh san ospadal le COVID-19 a' dol sìos cuideachd. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhuinn gluasad air falbh bho bhith a' cur a' bhiorais sìos uiread 's as urrainn dhuinn agus ga chumail aig an ìre sin. Faodaidh sinn ar n-oidhirpean a chuireadh air an Rùn Ro-innleachdail ur againn: am bhioras a chur sìos gu ìre far an urrainn dhuinn dèiligeadh ris a' chron a nì e, fhad 's a bhios sinn a' faighinn air ais agus ag ath-thogail airson àm ri teachd nas fheàrr.

Le bhith a' gabhail ris gu bheil a' bhanachdach fhathast èifeachdach an aghaidh mhùthaidhean ùra, faodaidh sinn planadh air adhart gus cur às do bharrachd de na riaghailtean cruaidh a tha air a bhith nam pàirt den fhreagairt againn ri COVID-19 fhad 's a tha a' bhanachdach ga sgaoileadh.

Feumaidh sinn a bhith faiceallach nach tog sinn na cuingeadan a tha air fhàgail gus am bi an suidheachadh freagarrach. Agus feumaidh sinn a bhith faiceallach nas fhaide na sin. Fiù le banachdach air a sgaoileadh gu farsaing, tha coltas ann gum bi COVID-19 fhathast na chunnart san àm ri teachd. Bidh co-dhùnadh air cuin a bu chòir dhuinn gluasad nas fhaide na Ìre 0, agus cur às uile gu lèir do chuingeadan laghail dachaigheil, stèidhichte air comhairle chlionaigeach. Nì sin cinnteach gum bi am bhioras air a chumail fo smachd ann an Alba agus gum bi daoine gu leòr air an dìon le dà dhòs den bhanachdach gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cumail ris an rùn ro-innleachdail ùr againn. An-dràsta, tha an anailis air staid a' ghalar lèir-sgaoilte a' nochdadh nach bu chòir cur às do chuingeadan Ìre 0 gus am bi co-dhiù a h-uile inbheach thairis air 40 bliadhna a dh'aois air a dhìon le dà dhòs den bhanachdach. Tha sinn an dùil gun tachair seo ro 9 Lùnastal – ceann-latha a leigeas le dìon na banachdaich a thighinn gu èifeachd.

Ach, cha bhi togail nam bacaidhean laghail a tha air fhàgail a' ciallachadh gu bheil an galar lèir-sgaoilte seachad. Feumar COVID-19 a riaghladh san àm ri teachd. Gus an t-adhartas a rinn sinn ann a bhith a' tilleadh gu barrachd de bheatha àbhaisteach a chumail suas, bidh e cudromach do dhaoine fa leth, gnìomhachasan agus buidhnean eile fhathast a bhith a' cumail ri ceumannan bunaiteach airson stad a chur air ath-bheothachadh a' bhiorais agus an fheadhainn aig nach eil dìon bhon bhanachdaich a chumail sàbhailte.

Ged a dh'fhaodadh gum bi feum fhathast air cuid de chuingeadan laghail, bidh cuideam nas motha air uallach pearsanta, deagh chleachdaidhean agus breithneachadh fiosraichte. Bidh seo a' ciallachadh gum bi sinn uile a' gabhail cheumannan leithid: dèanamh cinnteach gum bi gaothrachadh math ann; cumail suas deagh shlàinteachas làmhan; slàinteachas analach;

caitheamh còmhach-aghaidh nuair a tha sin iomchaidh; agus dol an sàs leis an t-siostam Deuchainn is Dion againn agus fèin-iomallachadh a dhèanamh nuair a nochdas comharraidhean a' ghalair no ma gheibh sinn deuchainn Covid dheimhinneach. Obraichidh sinn le gnìomhachas gus taic a thoirt do thilleadh mean air mhean gu barrachd obair oifis bho Ìre 0 air adhart.

Ach, tha sinn an dùil taic airson a bhith ag obair bhon taigh a bhrosnachadh fhathast, far a bheil sin comasach agus iomchaidh – chan ann a-mhàin gus cuideachadh le smachd air a' bhìoras, ach cuideachd airson sunnd san fharsaingeachd. Cumaidh sinn sùil leantainneach air pàtran chùisean ùra den ghalar air feadh na h-Alba agus cumaidh sinn taic ri ceumannan slàinte phoblaich ionadail gus smachd a chumail air briseadh a-mach sam bith den bhìoras. Mar a rinn sinn roimhe, nuair a dh'èireas cùisean den bhìoras ann an àite cuiridh sinn cuingeadan sònraichte no ìrean nas àirde de cheumannan dìon coitcheann an sàs gus smachd a chumail air.

Tha e coltach gum bi cuingeadan air siubhal thall thairis ann fhathast seachad air Ìre 0. Ach, cha chùm sinn na cuingeadan nas fhaide na bhios riatanach agus iomchaidh gus dèiligeadh ris a' chunnart gun tèid am bhìoras a thoirt a-steach don dùthaich.

Ath-bhreithneachadh air astarachadh corporra

Tha ceumannan astarachadh corporra a' dèanamh fìor dhuilgheadasan do ghnìomhachasan, còmhachail, foghlam agus buidhnean eile. Às dèidh sgrùdadh o chionn ghoirid, bidh sinn gu faiceallach a' lùghdachadh riatanasan astarachadh corporra, gus leigeil leis an eaconamaidh agus an comann-sòisealta obrachadh ann an dòigh nach eil cho cuingealaichte, mar a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal. Tha an clàr a' sealltainn nam prìomh dheitichean tuairmseach airson gluasad gu Ìre 0 agus nas fhaide. Faodaidh sinn na cinn-latha sin a ghluasad air adhart no air ais ma tha an dàta a' nochdadh gu bheil sin riatanach, a rèir ar rùn ro-innleachdail ùr.

Clàr: Clàr-ama tuairmseach airson cuingeadan a lùghdachadh

Deit	Ìre Chuingeadan	Astarachadh Corporra
19 Iuchar An urra ri sgrùdadh air a' ghalar lèir-sgaoilte ron latha seo	Bidh a h-uile àite a' gluasad sìos gu Ìre 0	Lùghdaich astar a-muigh gu 0m Lùghdaich astar a-staigh gu 1m ¹
9 Lùnastal An urra ri daoine nas sine na 40 a' faighinn làn bhanachdach agus ath-sgrùdadh den ghalar lèir-sgaoilte ron latha seo	Bidh a h-uile àite a' gluasad seachad air Ìre 0 (Cuingeadan air an togail)	Cur às do gach riaghailt astarachadh corporra

¹ Buinidh seo ri àiteachan poblach a-staigh. Bho 19 Iuchar, ma bheir an dàta taic dha, anns a h-uile suidheachadh poblach a-staigh, cha bhì aig daoine ann an cruinneachaidhean a tha a' cumail ris an àireimh cheadaichte agus crìochan taighe ri astarachadh corporra bho bhuill a' chruinneachaidh/na buidhne aca, ach dh'fheumadh iad cumail astar co-dhiù 1m bhon a h-uile duine eile.

A thaobh a bhith a' coinneamh ri daoine a-staigh ann an taigh no gàrradh prìobhaideach, tha stiùireadh làithreach ag ràdh (taobh a-staigh nan crìochan ceadaichte), nach fheumar astarachadh corporra a dhèanamh tuilleadh.